

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu

Diardaoين 9/11/17, 1000-1300

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd:	Daibhidh Brew (<i>sa Chathair</i>)	Donald MacAmhlaidh
	Dùghall MacAmhlaidh	Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhas*)
Chris Dòmhnullach (*Stiùiriche Obrachaidh*)
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgriobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair: Steve Renwick, Eforensics (*airson puing 5*)

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Cha robh gin.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 24/8/17

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Comharraichte.

5 a) In-sgrùdadadh riaghlaidh

Bha Steve Renwick bho eForensics an làthair agus chaidh fàilte a chuir air. Bha pàipear agus aithisg bho eForensics, le freagairtean an Sgioba Àrd-stiùiridh, air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh na leanas aontachadh:

- gu robh an Sgioba Àrd-stiùiridh a' gabhail ri molaidhean na h-aithisg agus nach robh cunnartan mòra sam bith ris am feumar dèiligeadh sa bhad;
 - gun deigheadh fàilte a chuir air tionndadh ùr de chlàr nan cunnartan;
 - gun tig plana-gnìomh goirid agus clàr-ama mu choinneamh a' Bhùird air 23/11/17
 - gun tèid seisean air cunnartan a chuir air dòigh leis a' Bhòrd;
- (Gníomh: NMG)

Thug Steve taing seachad airson a' chuiridh a thighinn a bhruidhinn ris a' Chomataidh agus airson am fàilte a chaidh a chuir air le luchd-obrach na buidhne.

5 b) Pàipear planaidh

Bha pàipear air beulaibh bhall le moladh air na h-ath cheithir raointean-obrach airson in-sgrùdadadh. B' iad:

- 2018/19 – Manaidseadh na Meadhanan Sòisealta (Social Media Management) – Aithisg air a lìbhrigeadh ro 1/3/19;
- 2019/20 Riaghlas – Èifeachdas Bhùird (Governance – Board Effectiveness) – Aithisg air a lìbhrigeadh ro 1/3/20;
- 2020/21 Slàinte & Sàbhailteachd – Aithisg air a lìbhrigeadh ro 1/3/21;
- 2021/22 Staffing & Contracting for People – Aithisg air a lìbhrigeadh ro 1/3/22;

An dèidh deasbad, chaidh na leanas aontachadh:

- Na Meadhanan Sòisealta – ri linn gur e roinn obrach a tha seo a tha a' fàs gu mòr an -dràsta tro cho-obrachadh leis a' BhBC, chaidh aontachadh an obair a chumail ann an dà phàirt: (a) an cùmhnant a chur gu taigse an -dràsta agus iarraidh air aa' chompanaidh a shoirbhicheadh an dùil aca innse sa bhad; (b) an sgrùdadadh a dhèanamh an ceann 10 mìosan às dèidh sin, gus ùine a thoirt dùil an luchd-sgrùdaidh a chuir an gnìomh mus biodh an sgrùdadadh air a chumail. (Gníomh: NMG)
- Riaghlas – ri linn gum biodh teirm cuid de bhuill a' tighinn gu crìch sa chiad leth de 2020, dheigheadh an in-sgrùdadadh air riaghlas a chumail agus aithisg a lìbhrigeadh sa chiad leth de 2019/20 (ro 30/9/2019);

6 Aonta na Co-bhanntachd

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh iarraidh fios a thoirt dhan Bhòrd aig an ath choinneimh air na tha MG ALBA a' cosg air seirbheisean a thathas a' toirt an asgaidh dhan BhBC agus a tha a' ceadachadh dhan BhBC a bhith a' coileanadh uallaichean a' Chait Rioghail gun chosgais. (Gníomh: NMG)

Chaidh innse gun robh BBC Scotland ag ràdh nach robh iad fhathast ann an uidheachadh coimhead air ciamar a b' urrainn co-roinneadh ghoireasan airgead a shàbhaladh airson an dà chuid an t-seanail ùr (BBC Scotland) agus BBC ALBA. Tha molaidhean a' BhBC airson na seanail ùr ri dhol gu Ofcom airson leirmheas agus cead, a dh'fhaodadh maireachdainn suas gu 6 mìosan.

7 Aithisg HR

Bha aithisg agus structar luchd-obrach air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail ann an co-theacs a bhith ag ullachadh airson Plana Obrachaидh 2018/19.

Chaidh aontachadh pàipear a chuir chun Bhùird le mìneachadh air 1) an luchd-obrach air a bheil feum gus obair na buidhne a choileanadh san ùine mheadhanach; 2) gu bheil na sgilean ceart gan leasachadh agus gam brosnachadh agus 3) coimhead ri bheil feum air daoine ùra agus 's doch a ath-nuadhachadh uallaichean a tha air luchd-obrach. (Gníomh: DC)

8 a) Fiosrachadh mu phoileasaidhean air fad

Bha pàipear air beulaibh bhall le sealladh air clàr-obrach làirmheas phoileasaidhean. Chaidh deasbad a chumail agus bha buill riaraichte leis a' chlàr-ama.

b) Poileasaidh Solarachaidh agus Sgeama Thairgse

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh na h-atharraichean a bhathas a' moladh sa phoileasaidh. Chaidh deasbad a chumail agus bha buill riaraichte. Thig am poileasaidh mu choinneimh na Comataidh aig an ath choinneamh. (Gníomh: NMG)

c) Poileasaidh Àrainneachd – aithisg gèillidh (compliance)

Bha pàipear agus aithisg air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. A thaobh a bhith a' coileanadh lùghdachadh de 10% ann an emissions CO₂, chaidh aontachadh gu robh feum air toraidhean an còmhradh le Comhairle nan Eilean Siar a thaobh atharrachaidhean a dh'fheumadh a dhèanamh ris an togalach.

A rèir seo, dheigheadh cumail ris no atharrachadh a dhèanamh ann an figearan sa Phlana Obrachaidh. (Gníomh: NMG)

Bha buill riaraichte leis an aithisg.

9 Plana Leantainneach Ghnothaich

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an deuchainn bhliadhnaile agus chaidh deasbad a chumail.

Bha buill riaraichte agus thig freagairtean an sgioba Àrd-stiùridh mu choinneamh aithisg an eòlaiche air beulaibh an ath choinneamh den Chomataidh. (Gníomh: CMD)

10 Plana Obrachaidh 2017/18

Ann an 2018/19 airson a' chiad uair bidh plana bliadhnaile airson co-bhanntachd BBC ALBA ann, agus bidh Plana Obrachaidh MG ALBA 2018/19 a' sruthadh às an sin agus thig dreach den phlana air beulaibh a' Bhùird air 23/11/17.

Bha pàipear air bheulabh a' Chomataidh a' mìneachadh an structar a thathas a' moladh. Sgaoil an t-Àrd-Oifigear pàipear (schematic) a bharrachd air buill a' Chomataidh, a' sealltainn ciamar a bhathas an dùil am Plana Obrachaidh a dhealbhadh ann an dòigh ath-bheothaichte. Bha buill riaraichte gu robh an dòigh ùr seo air leth feumail agus chaidh aontachadh cosgaisean a chuir ris agus gun tigeadh pàipear chun bhùird, an cois clàr-ama air dè dh'fheumadh tachairt agus cuin eadar seo agus 31/3/17. (Gníomh: NMG)

11 Slàinte agus Sàbhailteachd – aithisg bhliadhnaile 2016/17

Gach bliadhna, bidh am Bòrd a' beachdachadh air aithisg bhliadhnaile air Slàinte is Sàbhailteachd agus bidh e a' tighinn fa chomhair na Comataidh an toiseachd.

Bha pàipear air beulaibh bhall le aithisg bhliadhnaile, a' dearbhadh gu bheil am buidheann a' coileanadh an cuid dleastanas a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974* agus a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.

Bha buill riaraichte agus chaidh an aithisg a mholadh chun bhùird.

12 Measadh Chunnartan

Aig coinneamh den Chomataidh air 9/2/17 chaidh aontachadh gun toireadh an Sgioba Àrd-stiùiridh, fa leth, iomradh air na cunnartan roinne aca.

Bha clàr nan cunnartan air beulaibh bhall agus cuideachd pàipear le aithris bhon Àrd-Oifigear air na cunnartan a tha fo ainm air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Bha buill riaraichte agus chaidh moladh gun deigheadh litir a sgrìobhadh gu Riaghaltas na h-Alba a' mothachadh na thuirt am Programme for Government 2017 mu bhuidseat £12.8m aig MG ALBA agus mu ar n-amas a bhith co-thaobhach leis Screen Unit, a' moladh gun rachadh an £1m a bharrachd a dhaingneachadh, agus ag innse mu na ceumannan a tha am buidheann a' gabhail ann an compàirt leis a' BhBC airson am barrachd airgead-seilbh a thàladh. (Gníomh: DC)

13 Dashboard air dèanadas

Chaidh an Dashboard ùrachadh le Buidheann Stiùiridh MG ALBA air 7/11/17. Bha dùil a thaisbeanadh do bhuill aig a' choinneamh, ach thèid a cho-roinn sna làithean tha romhainn. (Gníomh: MAMI)

14 Aithisgean air leth

Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

15 Pàipearan fiosrachaидh

Cha robh na pasgan ràitheil air beulaibh na Comataidh. Thug an t-Àrd-Oifigear gealltanais gu robh gach nì mar bu chòir agus thèid an co-roinn sna làithean tha romhainn. (Gníomh: MAMI)

16 GISBE

Chaidh aontachadh gu robh feum air a' Chomataidh coinneachadh san Fhaoilleanach co-cheangailte ris a' Phlana Obrachaidh. (Gníomh: MAMI)

Deit na h-ath choinneimh – Faoilleach 2018

Ainm sgrìobhte a' Chatraiche:

Deit: